


An trì-mheurach seunta



An teacs a Narinder Dhami
Na dealbhan Jeffrey Reid
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Fada, fada shìos fon mhuir
bha rìoghachd sheunta.
Sin far an robh Rìgh na Mara a' fuireach.
Bha trì-mheurach seunta aige
airson geasan a dhèanamh.



Aon latha dh'fhaighnich partan
do Rìgh na Mara,

“An dèan thu geas dhomh?”

“Ma tha thu ag iarraidh,” ars an rìgh.

“Tugainn còmhla rium.”

Chunnaic an
rìgh iasg.
Shèid e air an
trì-mheurach
sheunta.



Chuir e dathan dearg agus gorm air an iasg.
“Tapadh leat,” ars an t-iasg.





“Cha dèan mi geas eile an-diugh,”

ars an rìgh, agus chaidil e.

Choimhead Bìdean air an trì-mheurach sheunta.

“Nam biodh an trì-mheurach ud agamsa,
dhèanainn fhèin geasan,” thuirt e.





Thug Bìdean leis an trì-mheurach.

“Nis tha mi coltach ri Rìgh na Mara,”
thuirt e.

Sa mhionaid sin chunnaic Bìdean iasg.


“Nì mi an t-iasg ud dearg agus gorm,”
thuirt e.





Shèid Bìdean air an trì-mheurach sheunta.
Cha robh an t-iasg dearg no gorm.
Ach bha ad uaine air!






“Cò chuir an ad seo orm?”

dh’fhaighnich an t-iasg.

“Chuir mise,” arsa Bìdean.


“Chan eil mi uabhasach
math air geasan.”



Sa mhionaid sin thàinig
Craos Mòr, a' mhuc-mhara.
Choimhead i air an iasg leis an aid.
“Ha! Ha! Ha!” Rinn Craos Mòr gàire.
Bha an t-iasg crosta.
“Bheir dhìom an ad seo,” thuirt e.



Shèid Bìdean air an trì-mheurach sheunta.
An uair sin bha dà ad air an iasg.



Choimhead Craos Mòr air an iasg.
“Ha! Ha! Ha!” Rinn Craos Mòr gàire.




An uair sin choimhead an t-iasg air Craos Mòr.
“Ha! Ha! Ha!” thuirt an t-iasg.
“Nis tha ad orts a cuideachd,” thuirt e.



Bha Craos Mòr agus an t-iasg
glè chrosta ri Bìdean.

“Cuidich sinn,” thuirt iad.

“Thèid mi a dh’iarraidh an rìgh,”
thuirt Bìdean.





Nuair a chunnaic an rìgh Craos Mòr agus
an t-iasg bha e glè chrosta ri Bìdean.

“Chan fhaod thu cluich lem thrì-mheurach
seunta,” thuirt e. “Thoir dhomh e.”



Shèid Rìgh na Mara air an trì-mheurach
sheunta agus dh'fhalbh na h-adan.

“Tapadh leat,” thuirt Craos Mòr
agus an t-iasg. “Nis dè nì thu air Bìdean?”
dh'fhaighnich iad.





Chòimhead an rìgh air Bìdean.

An uair sin shèid e air a thrì-mheurach
sheunta.



Bha Craos Mòr, an t-iasg agus
Rìgh na Mara uile a' gaireachdainn.
Bha Bìdean dearg agus gorm agus
uaine agus pinc!